

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Càl Chataibh

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,363. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,059 corresponds to Litir 1,363. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Ann an Litir mìle, ceud 's a dhà-dheug (1,112) bha mi ag innse dhuibh mun dà sheòrsa càil a bha mi a' fàs anns an leas agam. 'S iad sin an càl buan no *perennial kale* agus an càl ceairsleach no *curly kale*. Tha an càl buan fhathast agam ach an àite a' chàil cheairslich, tha mi air seòrsa eile a chur am-bliadhna. Agus 's e seòrsa a th' ann a bhuineas do Ghàidhealtachd na h-Alba.

Cha bu chòir dha a bhith na iongnadh gu bheil càl ann a chaidh a leasachadh ann an Alba. Bha ar sinnsirean a' fàs càl de dhiofar sheòrsaichean air feadh na dùthcha. Tha e a' dèanamh gu math anns an aimsir againn.

'S e an t-ainm a th' air an t-seòrsa air a bheil mi a-mach **Càl Chataibh**, a rèir nan daoine a tha ga reic mar shìl. No, ann am Beurla, *Sutherland Kale*. A rèir aithris, bha e air fhàs le croitearan ann an Cataibh.

Ach càite ann an Cataibh? Uill, tha an fheadhainn a tha a' reic an t-sìl ag ainmeachadh baile air a bheil *West Drummie*. Nise, chan aithne dhomh baile ann an Cataibh air a bheil an t-ainm sin. Tha amharas agam gu bheil a' ciallachadh *West Drummie* faisg air Goillspidh. Ach chan urrainn a bhith cinnteach às a sin. Ma tha sibh eòlach air baile air a bheil *West Drummie*, nach cuir sibh fios thugam.

Co-dhiù, chaidh innse – agus **gabhadh seo leughadh** air an eadar-lìon – gun d' fhuaras an sìol bho bhoireannach air an robh Ealasaid Woolcombe. Ann an dà mhìle 's a seachd (2007), bha i na chad 's a trì bliadhna a dh'aois. Agus fhuair ise an càl sin bho fhear Aonghas Simmonds a bha a' rannsachadh càil ann an Oilthigh Dhùn Èideann caogad bliadhna roimhe sin. Co-dhiù, ghlèidh Ealasaid sìol bho na lusan aice. Mura b' e sin, 's dòcha gun robh an gnè sin de chàl air a dhol à bith.

Tha an fheadhainn a th' air Càl Chataibh a chur anns an leas aca – tha iad air leth toilichte leis. Tha e làidir agus bidh e a' fàs gu mu mheatair ann an àirde. Chan eil meanbh-fhrìdean a' dèanamh cron air agus tha e a' seasamh ris a' ghaoith agus ri fuachd a' gheamhraidh. Bidh e a' fàs às ùr as t-Earrach an dèidh a' gheamhraidh.

Gabhadh dà phàirt dhen lus ithe – na duilleagan a tha car coltach ris na duilleagan aig seòrsaichean eile de chàl, agus na gasan ùra air am bi na flùraichean a' fàs. Tha na gasan gu math milis agus coltach ri brocail òg. Tha cuid dhen bheachd gu bheil iad rudeigin coltach ri asparagus. Nuair nach eil flùraichean air an lus, bidh daoine a' bruich nan duilleagan. Tha blas math orrasan cuideachd.

Tha an càl seo a-nise sàbhailte. Tha e air fhàs ann an iomadh àite agus chan eil e ann an cunnart a dhol à bith. Ach tha ceist ann – a bheil e dha-rìribh na chàl? Buinidh na càil don ghnè *Brassica oleracea*. Ach tha luchd-rannsachaidh dhen bheachd gum buin an càl Catach do sheòrsa eile – *Brassica napus*. Thàinig sin gu bith mar tar-chineal eadar càl àbhaisteach (*Brassica oleracea*), snèap (*Brassica rapa*) agus an sgeallan dubh (*Brassica nigra*). 'S ann aig a' chàl seo a tha eachdraidh inntinneach!

* * * * *

Faclan na Litreach: sinnsirean: *ancestors*; brocail: *broccoli*; aspàrag: *asparagus*; luchd-rannsachaidh: *researchers*.

Abairtean na Litreach: bha mi ag innse dhuibh mun dà sheòrsa càil a bha mi a' fàs anns an leas agam: *I was telling you about the two types of kale that I was growing in my garden*; tha mi air seòrsa eile a chur am-bliadhna: *I have planted another variety this year*; a bhuineas do Ghàidhealtachd na h-Alba: *that belongs to the Highlands of Scotland*; cha bu chòir dha a bhith na iongnadh: *it shouldn't be a surprise*; gu bheil càl ann a chaidh a leasachadh ann an Alba: *that there is a kale that was developed in Scotland*; a rèir nan daoine a tha ga reic mar shìl: *according to the people who sell it as seed*; tha amharas agam gu bheilear a' ciallachadh West Drummuie faisg air Goillspidh: *I suspect they mean West Drummuie (Druim Muigh) near Golspie*; nach cuir sibh fios thugam: *won't you let me know*; gun d' fhuaras an sìol: *that the seed was obtained*; a' rannsachadh càil ann an Oilthigh Dhùn Èideann caogad bliadhna roimhe sin: *researching kales at the University of Edinburgh fifty years earlier*; bidh e a' fàs gu mu mheatair ann an àirde: *it grows to about a metre in height*; chan eil meanbh-fhrìdean a' dèanamh cron air: *insects don't harm it*; tha e a' seasamh ris a' ghaoith agus ri fuachd a' gheamhraidh: *it withstands the wind and the winter cold*; na gasan ùra air am bi na flùraichean a' fàs: *the new shoots on which the flowers grow*; tha blas math orrasan cuideachd: *they also taste good*; bidh daoine a' bruich nan duilleagan: *people boil the leaves*; tha e air fhàs ann an iomadh àite: *it is grown in many places*; chan eil e ann an cunnart a dhol à bith: *it's not in danger of becoming extinct*; a bheil e dha-rìribh na chàl?: *is it truly a kale?*; buinidh na càil don ghnè *Brassica oleracea*: *the kales belong to the species Brassica oleracea*; thàinig sin gu bith mar tar-chineal eadar càl àbhaisteach, snèap agus an sgeallan dubh: *that came into being as a hybrid between ordinary cabbage, turnip and black mustard*; 's ann aig a' chàl seo a tha eachdraidh inntinneach: *this kale has a fascinating history*.

Puing-chànain na Litreach: Càl Chataibh: *Sutherland Kale. The marketers of this kale give Càil Cataibh as the Gaelic name for the plant but Càl Chataibh seems to this author to be more appropriate. An Càl Catach might also work as a name. Càl often stands for cabbage in Gaelic, but also applies to kale. Although the two plants can look quite different, they are closely related and share a common origin.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: gabhaidh seo leughadh air an eadar-lìon: *this can be read on the internet*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA